

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 423. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 119 corresponds to Litir 423.

*'S i an aon chànan
Am beul nam bàrd 's nan èisg
As fheàrr gu càineadh
O linn Bhabel fhèin.
'S i as fheàrr gu moladh
'S as torrannaiche gleus
Gu rann no laoidh
A tharraing gaoth tro bheul.
'S i as fheàrr gu comhairl'
'S gu gnothach chur gu feum
Na aon teanga Eòrpach
Dh'aindeoin bòst nan Greug.*

Sin earrann agaibh dhen dàn aig Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair – *Moladh an Ùghdair don t-Seann Chànain Ghàidhlig*. Chaidh fhoillseachadh an toiseach ann an seachd ceud deug, caogad 's a h-aon (1751).

An robh am bàrd dha-rìribh mu na sgrìobh e? An robh e dha-rìribh dhen bheachd gun robh a' Ghàidhlig os cionn a h-uile cànan eile san Roinn Eòrpa? Nas fheàrr gu càineadh is nas fheàrr gu moladh? Uill, 's dòcha nach robh. Faisg air deireadh an dàin tha e ag ainmeachadh “MhicComb, an t-ùghdar mòr ri luaidh”. Is e seo an t-Urramach Daibhidh Malcolm a bha na mhinistear ann an Duddingston faisg air Dùn Èideann anns na bliadhnaichean ro sheachd ceud deug, ceathrad 's a h-aon (1741).

Sgrìobh Malcolm air gnothaichean àrsaidh agus chuir e air adhart a bheachd gun robh ceanglaichean ann eadar a' Ghàidhlig agus Laideann, a' Ghreugais agus cànan nan Innseanach Darianach ann am Meadhan Ameireagaidh. 'S dòcha gun robh Alasdair, ged a bha e moiteil às a' chànan aige, ri beagan fealla-dhà nuair a sgrìobh e an dàn. Seo an earrann sin a-rithist:

*'S i an aon chànan
Am beul nam bàrd 's nan èisg
As fheàrr gu càineadh
O linn Bhabel fhèin.
'S i as fheàrr gu moladh
'S as torrannaiche gleus
Gu rann no laoidh
A tharraing gaoth tro bheul.*

'S i as fheàrr gu comhairl'
'S gu gnothach chur gu feum
Na aon teanga Eòrpach
Dh'aindeoin bòst nan Greug.

Tha an samhradh ann an-dràsta, ged a bhiodh e doirbh sin aithneachadh, 's dòcha, ann am mòran sgìrean de dh'Alba. 'S e an samhradh seusan nam flùraichean agus is toigh leam an dualchas Gàidhlig a tha co-cheangailte ris na lusan a tha dùthchasach do dh'Alba. Bha mi a' leughadh dàn eile aig Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair o chionn ghoirid – fear a tha gu math freagarrach airson an àm seo dhen bhliadhna. Is e sin *Òran an t-Samhraidh*.

Anns an dàn tha am bàrd ag ainmeachadh cuid de na lusan air a bheil mi eòlach agus as toigh leam. Seo iad agus bheir mi dìreach a' Ghàidhlig dhuibh, feuch gum bi sibh gan aithneachadh: creamh, sòbhrach, ròs, neòinean, fraoch, biadh-eunain agus feada-coille.

An robh sibh eòlach air feadhainn dhiubh? Seo a-rithist iad agus bheir mi an t-ainm Beurla dhuibh cuideachd an turas seo: creamh, no *wild garlic*, sòbhrach, no *primrose*, ròs, *rose*, neòinean, *daisy*, fraoch, *heather* (fhuair sibh sin tha mi an dùil), biadh-eunain, *wood sorrel*, agus feada-coille. Nise tha mi a' dèanamh dheth gur e feada-coille am *wood sorrel* cuideachd – *Oxalis acetosella*. Carson a thagh Mac Mhaighstir Alasdair dà ainm airson an aon luis anns an aon dàn? Uill, 's dòcha **ri linn-sa** gun robh an dà ainm sin a' ciallachadh dà lus eadar-dhealaichte. Ma tha fios aig duine agaibh air sin, bu mhat leam cluinntinn bhuaibh.

Bha aon lus eile ainmichte ann an *Òran an t-Samhraidh* – crios Chuchulainn. Crios Chuchulainn. A bheil sibh eòlach air? Tha an t-ainm Beurla snog gu leòr – 's e sin *meadowsweet*. Ach tha an t-ainm Gàidhlig fichead turas nas fheàrr! A bheil sibh eòlach air Cuchulainn? Chan eil? Feumaidh sinn rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn sin anns an ath Litir!

* * * * *

Faclan na Litreach: dàn: *poem*; dùthchasach: *native, indigenous*.

Abairtean na Litreach: As fheàrr gu càineadh o linn Babel: *the best for criticising since the time of Babel*; as torrannaiche gleus: *has the most resounding potential*; gu rann no laoidh: [*the best*] for stanza or lay; a tharraing gaoth tro bheul: *that wind has ever drawn through mouth*; na aon teanga Eòrpach [a] dh'aindeoin bòst nan Greug[ach]: *than any European language despite the boasts of the Greeks*; an robh am bàrd dha-rìribh?: *was the poet in earnest?*; gnothaichean àrsaidh: *antiquarian matters*; chuir e air adhart a bheachd: *he proposed [his opinion]*; cànan nan Innseanach Darianach: *the language of the Darien Indians*; moiteil às: *proud of*; ri beagan fealla-dhà: *having a bit of fun*; ged a bhiodh e doirbh sin aithneachadh: *although it would be hard to recognise that*; feuch gum bi sibh gan aithneachadh: *to see if you can recognise them*; a' ciallachadh dà lus eadar-dhealaichte: *meaning two different plants*; crios Chuchulainn: *meadowsweet [lit. Cuchullin's belt]*; fichead turas nas fheàrr: *twenty times better*.

Puing-chànain na Litreach: Am beul nam bàrd 's nan **èisg**: *in the mouth of the poets and satirists. Did you think èisg here referred to fish? That is an easy mistake to make because iasg is a funny word grammatically. Although there is a plural form (generally èisg but iasgan in one or two places – and na h-Iasgan is the Gaelic for the zodiac sign Pisces) the singular form is usually employed as a collective. "The fish shop" is bùth an èisg, using the genitive singular. So with the genitive plural article (nan) appearing with èisg it might have been a clue that we are dealing here with (an old) genitive plural form of the noun èisg (nominative plural èisgean) meaning a "satirist".*

Gnàths-cainnt na Litreach: ri [a] linn-sa: *in his day (emphatic)*.

** Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.*